

Plana Gàidhlig 2021-2026

Aithisg Bliadhna a Dhà

Ro-ràdh

Chaidh an dàrna tionndadh den Phlana Ghàidhlig againn aontachadh le Bòrd na Gàidhlig air 21 Ògmhios 2021, agus mairidh e fad còig bliadhna.

Tha a' Ghàidhlig agus a' cultar na pàirt chudromach de choimhearsnachdan, dualchas agus fèin-aithne na h-Alba. Le puirt-adhair air feadh na h-Alba agus còrr is 1 millean luchd-siubhail eadar-nàiseanta agus às an RA ann an 2021, tha HIAL airson nas urrainn dha a dhèanamh gus taic a chumail ri leasachadh na Gàidhlig agus ri bhith a' togail a h-inbhe air feadh na h-Alba.

Tha sinn air gealltainn inbhe na Gàidhlig àrdachadh, ionnsachadh na Gàidhlig a chur air adhart, agus cleachdadh a' chànan a bhrosnachadh.

Taobh a-staigh a' Phlana Ghàidhlig againn tha na gealltanasan coitcheann againn a' gabhail a-steach còig eileamaidean:

- Faicsinneachd
- Luchd-obrach
- Gnothaichean làitheil
- Conaltradh Corporra
- Corpas

Gus na gealltanasan againn a choileanadh, tha sinn air plana gnìomh ullachadh a tha a' mineachadh nan gnìomhan àrd-ìre a ghabhas sinn thairis air beatha a' Phlana Ghàidhlig.

Tha am plana gnìomh an seilbh na buidhne air fad agus tha diofar roinnean an sàs ann a bhith a' libhrigeadh ar n-amasan. Tha àite aig Lynne Clow, Stiùiriche neo-ghnìomhach air Bòrd HIAL, mar Ghaisgeach a' Bhùird airson a bhith a' cumail taic ris na gealltanasan Gàidhlig againn.

Ann an 2022 bha a' bhuaidh ionmhasail a bha air tighinn mar thoradh air Covid-19 a' fàs follaiseach agus bha na dùbhlain lùths is solarachaidh cruinneil a' tighinn aig an aon àm a' cruthachadh cuideam ionmhais de sheòrsa nach fhacas riamh roimhe.

Coltach ris a h-uile buidheann eile san dùthaich, rinn HIAL ath-mheasadh air na prìomhachasan agus na roghainnean caitheimh aige stèidhichte air na dùbhlain ionmhais gun samhail a bhios orra san àm ri teachd.

Às dèidh prògram conaltraidh farsaing le co-obraichean agus luchd-ùidh dh'fhoillsich HIAL am Plana Ro-innleachdail còig bliadhna ath-sgrùdaichte aige. Tha amasan ath-sgrùdaichte agus prìomhachasan ro-innleachdail HIAL a' cuimseachadh air a bhith a' libhrigeadh a phrìomh ghnìomhan agus a' dèanamh cinnteach gu bheil stòrasan air am prìomhachasadh a thaobh a bhith a' solarachadh puirt-adhair a tha sàbhailte agus a tha a' gèilleadh ri riaghailtean.

Ach, tha HIAL fhathast dealasach a thaobh a bhith a' coileanadh a ghealltanasan sa Phlana Ghàidhlig far an gabh sin dèanamh taobh a-staigh nam buidseatan a tha rim faighinn agus prìomhachasan caitheamh agus tha e toilichte aithris gun deach faisg air 60% de na h-amasan a tha air am mineachadh airson Bliadhna a Dhà a choileanadh.

Bòrd na Gàidhlig – Aithris Bhliadhnail

Gach bliadhna bidh Bòrd na Gàidhlig ag iarraidh dàta air prìomh chomharran agus a' suidheachadh slatan-tomhais measaidh air am bi buidhnean poblach ag aithris. Chan eil cuid de na factaran sin a' buntainn ri HIAL.

Às na 26 factaran air an deach iarraidh oirnn aithris, tro gheàrr-chunntas Dearg, Orains agus Uaine, chan eil a dhà de na factaran a' buntainn ri HIAL. Às na factaran eile tha 15 (63%) gan libhrigeadh an-dràsta (inbhe uaine)

agus tha 9 (37%) a' dol air adhart no air an glacadh nar plana gnìomh a rèir nan raointean-ama a tha air am mineachadh sa Phlana Gnìomh Gàidhlig (inbhe orains).

Na choilean sinn

Às dèidh toradh an t-suirbhidh Sgìlean Gàidhlig againn sa Chèitean 2022, thug sinn a-steach na gnìomhan a bharrachd a chaidh ainmeachadh nar Plana Gnìomh.

Tha sinn toilichte aithris gu bheil sinn air 10 de na 17 cinn-uidhe a choileanadh aig deireadh an dàrna bliadhna den Phlana Gàidhlig againn. Tha sinn cuideachd air aon amas a chrìochnachadh a bha clàraichte an toiseach airson a bhith air a choileanadh ann am Bliadhna a Tri.

Chaidh an t-amas gus susbaint Ghàidhlig àrdachadh air làrach-lìn HIAL ath-shònrachadh gu Bliadhna a Tri.

Tha na seachd cinn-uidhe a tha air dheireadh a' dol air adhart agus thèid an crìochnachadh ann am Bliadhna a Tri.

| Inbhe | Àireamh / % | |
|---------------------------------|-------------|-------------|
| Air targaid | 10 | 59% |
| Air dheireadh air targaid | 7 | 41% |
| Gun tòiseachadh air | 0 | 0% |
| Air an stad no air an cur dheth | 0 | 0% |
| Iomlan | 17 | 100% |



Faicsinneachd

Tha sinn air na leanas a dhèanamh:

- Rinn sinn obair leasachaidh air ar stiùiridhean brannd gus dèanamh cinnteach gu bheil a' beachdachadh air cleachdadh na Gàidhlig airson ar branndadh corporra, sgrìobhainnean agus teamplaidean iomchaidh uile.
- Thug sinn seachad teamplaidean ùra leis an t-suaicheantas dhà-chànanach ùraichte, a' gabhail a-steach postairean agus sleamhnagan taisbeanaidh.
- Lean sinn oirnn leis a' phrògram againn de shoidhnichean dà-chànanach airson soidhnichean ùra agus ùraichte nuair a bhios soidhnichean ùra a dhith.
- Chùm sinn oirnn a' toirt seachad stiùireadh agus fiosrachadh dà-chànanach far an gabh sin a dhèanamh, mar eisimpleir stiùireadh air-sgrìon airson ar geataichean-d ùra ann am Port-adhair Inbhir Nis agus ann an stuthan sanasachd dà-chànanach air a thoirt seachad airson puirt-adhair, a' phrìomh oifis agus iomairtean HR.

Ni sinn na leanas:

- A' comharradh gu for-ghnìomhach far a bheil buidhnean agus com-pàirtichean air an taobh a-muigh a' cleachdadh nan suaicheantasan ceàrr agus bheil sinn seachad an fheadhainn ùraichte.
- Leanaidh sinn air adhart leis a' phrògram againn de shoidhnichean dà-chànanach airson soidhnichean ùra agus ùraichte nuair a bhios soidhnichean ùra a dhith.

Na choilean sinn



Luchd-obrach

Tha sinn air na leanas a dhèanamh:

- Chruthaich sinn raon Gàidhlig a dh'aona-ghnothach air a' phortal e-ionnsachaidh againn. Bidh seo a' gabhail a-steach seata-innealan Gàidhlig do luchd-obrach, a' gabhail a-steach trèanadh mothachadh Gàidhlig, briathrachas a tha sònraichte mu phuirt-adhair (a' gabhail a-steach faidhlichean claisneachd) agus fios mu thrèanadh sgilean cànan agus goireasan air-loidhne a bharrachd airson a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig.
- Thòisich sinn an lèirmheas air fastadh corporra.

Nì sinn na leanas:

- Ruithidh sinn iomairt sanasachd tràth ann am Bliadhna a Tri gus an seata-innealan Gàidhlig a tha ri fhaighinn air ar portal ionnsachaidh a thaisbeanadh.
- Criochnaich/lean air adhart leis an ath-sgrùdadh fastaidh corporra agus cuir an gnìomh am poileasaidh a thig às.



Gnothaichean làitheil

Tha sinn air na leanas a dhèanamh:

- Soidhnichean dà-chànanach a chur suas gus sealltainn far a bheil an Deasg Fiosrachaidh / Deasg Seirbheis Chustamairean aig puirt-adhair mar a bhios iomchaidh
- Chuir sinn crìoch air sgrìobtaichean tòiseachail dà-chànanach airson nan siostaman fòn aig puirt-adhair Cheann Loch Chille Chiarain, Dhùn Dè, Inbhir Nis, Ìle, Thiriodh agus Inbhir Ùige Iain Ghròt, agus chuir sinn crìoch air sgrìobtaichean teachdaireachd dà-chànanach airson puirt-adhair Bharraigh, Bheinn na Faoghla agus Steòrnabhagh.
- Rinn sinn ath-sgrùdadh air toraidhean an t-suirbhidh luchd-obrach againn gus beachdachadh air an ìre agus an seòrsa conaltraidh Gàidhlig a gheibhear aig na puirt-adhair againn an-dràsta, agus gus beachdachadh air a' chomas a th' aig HIAL air freagairt sa Ghàidhlig.

Nì sinn na leanas:

- Nì sinn sanasachd air an t-seata-innealan Gàidhlig a tha air chothrom dhan luchd-obrach air fad, bheir sinn a-steach teachdaireachdan sònraichte gus prìomh earrannan agus faidhlichean claisneachd a chomharrachadh dhan luchd-obrach againn a tha ag obair leis a' phoball, gus an eòlas agus an taic corporra a thoirt dhaibh gus fàilte Ghàidhlig a thoirt do chustamairean.
- Clàraich agus thoir a-steach na teachdaireachdan fòn dà-chànanach rè Bliadhna a Tri.
- Dèan tairgse air stuthan iomairt #Cleachdi dhan luchd-obrach air fad ann am Bliadhna a Tri.
- Cumaidh sinn oirnn a' freagairt conaltradh Gàidhlig sam bith bho luchd-siubhail no luchd-ùidh fa leth.
- Ruithidh sinn iomairt bhliadhnail bho Bhliadhna a Tri gus ìre cleachdaidh dreuchd Tosgaire na Gàidhlig a bhrosnachadh.

Na choilean sinn



Conaltradh Corporra

Tha sinn air na leanas a dhèanamh:

- Lean sinn oirnn a' foillseachadh a h-uile sgrìobhainn chorporra, phoblach ann am Beurla agus Gàidhlig agus a bhith gam foillseachadh air an làraich-lìn againn.
- Thug sinn trèanadh domhainn sna meadhanan dhan Àrd-sgioba Stiùiridh agus Manaidsearan Puirt-adhair againn (air a phlanadh an toiseach airson Bliadhna a Tri).
- Fhuair sinn a-mach nach eil e comasach tionndadh Gàidhlig de làrach-lìn HIAL a dhèanamh air sgàth ar creideas ruigsinneachd.
- Dh'obraich sinn còmhla ri ar Gaisgeach Gàidhlig air Bòrd HIAL gus cumail oirnn a' togail iomhaigh na Gàidhlig aig ìre a' Bhùird agus air feadh na buidhne
- Rinn sinn ath-sgrùdadh air modh meadhanan sòisealta HIAL a thaobh susbaint Ghàidhlig, agus thèid susbaint dhà-chànanach iomchaidh a sgaoileadh bho chunntasan HIAL.

Ni sinn na leanas:

- Cumaidh sinn oirnn a' foillseachadh a h-uile sgrìobhainn chorporra a tha mu choinneamh a' phobail ann am Beurla agus Gàidhlig.
- Cumaidh sinn oirnn a' toirt a-steach susbaint mean air mhean agus a' meudachadh susbaint Ghàidhlig an dà chuid air an làraich-lìn agus air na meadhanan sòisealta, a' toirt prìomhachas do shusbaint àrd-iomhaigh agus a' nochdadh spèis cho-ionann. Bidh seo a' gabhail a-steach a bhith a' cruthachadh earrann mun Ghàidhlig agus a cultar air an làraich-lìn.
- Coinnichidh sinn ri Bòrd na Gàidhlig gus cothroman co-obrachaidh sam bith a chomharrachadh gus ealain is cultar na Gàidhlig àrdachadh taobh a-staigh sgìre HIAL.



Corpas

Tha sinn air na leanas a dhèanamh:

- Fhuair sinn dearbhadh sgrìobhte a thaobh gèilleadh ris na pròtacalan agus inbhean Gàidhlig a tha a dhìth bhon eadar-theangair Gàidhlig a thathar a' cleachdadh gu cunbhalach gus ar n-obair eadar-theangachadh. Tha sinn air dearbhadh fhaighinn bho eadar-theangairean ad-hoc a chleachdas sinn bho àm gu àm gun lean iad na h-inbhean a tha a dhìth.

Ni sinn na leanas:

- Cumaidh sinn oirnn a' sireadh dearbhadh sgrìobhte bho eadar-theangairean ùra sam bith gum bi iad a' cumail ris a' phròtacal agus na h-inbhean a tha a dhìth.

